

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Seumas MacDhonnchaidh, Lus-eòlaiche (1)

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,236. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 932 corresponds to Litir 1,236. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learn Gaelic.scot/litir](http://www.learn Gaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learn Gaelic.scot](mailto:fios@learn Gaelic.scot).*

Bidh sibh car sgìth de bhith a' cluinntinn an ainm 'Seumas MacDhonnchaidh'. Tuigidh mi sin oir bha mi ag ainmeachadh ministear dhen ainm sin anns na còig Litrichean mu dheireadh. B' esan an t-Urramach Seumas MacDhonnchaidh. Nise, tha mi a' dol a dh'ainmeachadh 'Seumas MacDhonnchaidh' a-rithist an-diugh. Ach, chan e an aon duine a th' ann! Chan e ministear a bh' ann ach lus-eòlaiche. Bha e beò anns an ochdamh linn deug.

Chan aithne dhomh cus mun duine, ach bha e ag obair anns an Lios Luibheach Rìoghail ann an Dùn Èideann. Bha e fo stiùir Àrd-ollamh an Lus-eòlais ann an Oilthigh Dhùn Èideann, Iain Hope.

Rinn Seumas tòrr rannsachaidh air lusan na Gàidhealtachd, a' tòiseachadh math dh'fhaodte ann an seachd ceud deug, seasgad 's a sia (1766). Airson **còig bliadhna** an dèidh sin, bhiodh e a' cur seachad ùine mhòr air a' Ghàidhealtachd, eadar an t-Earrach agus am Foghar, ann a bhith a' rannsachadh lusan. Bha e a' faighinn tuarastal airson sin bho **Choimiseanairean nan Oighreachdan Arfantaichte**. Sin na h-oighreachdan a ghabh an riaghaltas thairis bho chinn-chinnidh Sheumasach.

Ann an seachd ceud deug, seasgad 's a h-ochd (1768), dh'fhàg Seumas Dùn Èideann air an deicheamh latha dhen Chèitean. Chaidh e a Shiorrachd Lannraig, Siorrachd Àir agus Siorrachd Bhaile na h-Ùige. Chaidh e a dh'Arainn, a dh'Eilean Bhòid, agus an uair sin a dh'Inbhir Aora agus air adhart a Mhuile agus don Eilean Sgitheanach. Dh'fhàg e an t-Eilean Sgitheanach air an ochdamh latha dhen Dàmhair agus thill e dhachaigh naoi latha an dèidh sin.

Nuair a dh'fhàg e Dùn Èideann, bha e fo òrdugh sùil gheur a thoirt, am measg eile, air 'lusan na mara'. Tha mi an dùil le sin gun robhar a' ciallachadh 'feamainn'. Rinn e obair ionmholta air na lusan ann am Bòd. Bha am pàipear a sgrìobh e à sealladh airson cha mhòr trì cheud bliadhna mus robh e air a lorg a-rithist.

Lorg Seumas còrr is trì cheud gnè lusa a tha fhathast a' fàs ann am Bòd. Ach tha timcheall air ceathrad gnè air an liosta aige nach deach a chlàradh anns an eilean bhon uair sin. Mar eisimpleir, chlàir esan lus beag ris an canar 'garbhag an t-slèibhe' no *am fir-clubmoss*. Bha e gu math ainmeil am measg nan Gàidheal mar lus-dìon. Ma tha sin air a dhol à bith ann am Bòd bhon uair sin, math dh'fhaodte gur e falaisgearan no ionaltradh as coireach. Ach tha e doirbh a bhith cinnteach.

Shreap Seumas gu mullach iomadh beinn air a' Ghàidhealtachd. Thathar ag aithris gum b' esan a' chiad duine a-riamh a ràinig grunn de na mullaichean. Ach tha sin a' cur an dàrna taobh na Gàidheil a chaidh gu mullaichean gun a bhith a' sgrìobhadh no a' bòstadh mu dheidhinn!

Bha Seumas thall thairis cuideachd. Rinn e rannsachadh air lusan ann an Sìonaidh agus na h-Innseachan, ann an Afraga a Deas agus ann an eilean St Helena. A bharrachd air a bhith sgileil mar lus-eòlaiche, bha e math air dealbhan de lusan a dhèanamh. Tha co-dhiù aon dealbh aige anns an leabhar ainmeil *Flora Scotica* le Lightfoot a nochd ann an clò ann an seachd ceud deug, seachdad 's a seachd (1777).

Agus sgrìobh MacDhonnchaidh notaichean mu na daoine agus an dòigh-beatha anns na sgìrean Gàidhealach. Bheir sinn sùil orra an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Seumas MacDhonnchaidh: *James Robertson*; an Lios Luibheach Rìoghail: *The Royal Botanic Garden*; math dh'fhaodte: *perhaps*; tuarastal: *a salary*; Siorrachd Lannraig: *Lanarkshire*; Siorrachd Àir: *Ayrshire*; Siorrachd Bhaile na h-Ùige: *Wigtownshire*; lusan na mara: *marine plants*; feamainn: *seaweed*; chlàir: *recorded*; lus-dìon: *a protective plant*; falaisgearan: *muirburns*; ionaltradh: *grazing*; thall thairis: *overseas*; Afraga a Deas: *South Africa*; sgileil: *skilful*.

**Abairtean na Litreach:** Chan e ministear a bh' ann ach lus-eòlaiche: *he wasn't a minister but a botanist*; chan aithne dhomh cus mun duine: *I don't know too much about the man*; fo stiùir Àrd-ollamh an Lus-eòlais ann an Oilthigh Dhùn Èideann, Iain Hope: *under the guidance of the Professor of Botany at the University of Edinburgh, John Hope*; na h-oighreachdan a ghabh an riaghaltas thairis bho chinn-chinnidh Sheumasach: *the estates that the government took over from Jacobite clan chiefs*; chaidh e a dh'Arrainn, a dh'Eilean Bhòid, agus an uair sin a dh'Inbhir Aora: *he went to Arran, to Bute and then to Inveraray*; a Mhuile agus don Eilean Sgitheanach: *to Mull and to Skye*; rinn e obair ionmholta air na lusan ann am Bòd: *he did outstanding work on the plants on Bute*; à sealladh airson cha mhòr trì cheud bliadhna: *out of sight [disappeared] for almost three hundred years*; còrr is trì cheud gnè lusa: *more than three hundred plant species*; thathar ag aithris gum b' esan a' chiad duine riamh a ràinig grunn de na mullaichean: *it is reported that he was the first person to ever reach some of the summits*; tha sin a' cur an dàrna taobh: *that disregards*; na Gàidheil a chaidh gu mullaichean gun a bhith a' sgrìobhadh no a' bòstadh mu dheidhinn: *the Gaels who went to summits without writing or boasting about it*; a nochd ann an clò: *which appeared in print*; lusan ann an Sìonaidh agus na h-Innseachan: *plants in China and India*; notaichean mu na daoine agus an dòigh-beatha: *notes about the people and their way of life*.

**Puing-chànain na Litreach:** Airson còig bliadhna an dèidh sin: *for five years after that. Remember that when we are counting years, we do not pluralise the noun when it might be expected. Còig bliadhnaichean deug would be understood by a listener as 'fifteen years' but we generally say 'còig bliadhna' deug', using the singular form.* Bha iad ann an Lunnainn airson deich bliadhna *'they were in London for ten years'*.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Coimiseanairean nan Oighreachdan Arfantaichte: *the Commissioners of the Forfeited Estates*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA